

Teacher: Thigibh a-staigh. Ciamar a tha sibh an-diugh?

Student: Tha gu math agus sibh fhèin?

Teacher: Tha mi gu dòigheil, tapadh leat. Airson còmhradh a tri, ìre 6 bidh sinn a' dèanamh riochd-chluich no role play.

Student: Glè mhath. Dè seòrsa riochd-chluich?

Teacher: Tha sinn ann an ospadal, ann an Roinn Tubaist is Èiginn, no A & E. Mise an dotair agus tha thusa a' tighinn a-steach le rudeigin ceàrr ort. A bheil thu a' tuigsinn?

Student: Tha, tha mi smaoinichadh.

Teacher: Tha rudeigin ceàrr ort agus bidh thu ag innse dè tha ceàrr.

Student: Glè mhath ma-thà.

Teacher: Glan fhèin, tòisichidh sinn.

(anns an ospadal)

Teacher: Dè thachair dhut? Dè tha ceàrr ort? An do ghoirtich thu thu fhèin?

Student: Ghoirtich mi mo ghàirdean ann an tubaist rathaid. Tha mo chluas goirt cuideachd.

Teacher: A bheil thu gam chluinntinn gu furasta?

Student: Tha , tha mi gad chluinntinn.

Teacher: An urrainn dhut do ghàirdean a ghluasad?

Student: Chan urrainn.

Teacher: Feumaidh sinn do cur airson X-ray. Bhris thu do ghàirdean 's docha.

(dà latha às dèidh sin tha an duine anns an leabaidh anns an ospadal agus tha an dotair a' cur cheistean air/oirre)

Teacher: Ciamar a tha thu a' faireachdainn?

Student: Tha mi nas fheàrr , chan eil adhbhar a bhith a' gearan.

Teacher: A bheil do chluas nas fheàrr?

Student: Tha , tha i fada nas fheàrr.

Teacher: Bhris thu do ghàirdean ann an dà àite ach tha plèastair oirre a-nis.

Gheibh thu a-mach a-màireach.

Student: Tha sin math tapadh leibh.

Teacher: Glè mhath. Sin an riochd-chluich seachad. Am faod sinn bruidhinn mu dheidhinn cuspair a-nis? 'S e slàinte an cuspair. Tha mi ann an ionad meidigeach agus tha mi a' togail bileag le molaidhean – recommendations – airson slàinte. A bheil thu gam thuigsinn?

Student: Tha.

Teacher: Tha a' bhileag ag ràdh "Tha measan agus beagan eacarsaich math dhut". Dè tha thu a' smaoinichadh dhe sin?

Student: Tha mi a' dol le sin gu mòr. Tha eacarsaich math dhut agus measan cuideachd.

Teacher: Tha e cuideachd ag ràdh, "Tha cus salainn dona dhut". Dè do bheachd?

Student: 'S e an fhìrinn a tha sin cuideachd, chan eil cus salainn math dhuinn idir.

Teacher: Rud eile air a' bhileig 's e "Cha bu chòir dhut cus seòclaid ithe".

Student: Ùeil, chan eil mi cinnteach, fìor thoigh leam seòclaid. An toigh leat seòclaid?

Teacher: Is toigh 'l, is fìor thoigh leam seòclaid. Bidh mi ag ithe cus. Rud eile a tha e ag ràdh 's e "Na bi a' smocadh".

Student: An robh thu riamh a' smocadh?

Teacher: Bha agus tha, tha eagal orm. Feumaidh mi nas lugha a smocadh.

Student: Chan eil e furasta nas lugha a smocadh. Dè eile a tha a' bhileag ag ràdh?

Teacher: Tha e ag ràdh, "Carson nach tèid thu dhan ionad spòrs?"

Student: Deagh bheachd, ach cha bhi mi a' dol an sin.

Teacher: Cha bhi na mise. O, agus aon rud eile, "Cha bu chòir dhut a bhith a' fraighigeadh a h-uile càil."

Student: Cha bhi mi a' fraighigeadh mòran.

Teacher: Cha bhi na mise, ach là na Sàbaid bidh bracaist air a' fraighigeadh againn.

Student: Chan eil sin dona, aon uair san t-seachdain.

Teacher: Nach sinn a tha glic!

TRANSLATION

Teacher: Come in. How are you?

Student: Well, and yourself.

Teacher: I am fine thank you. For conversation 3 level 6. We will be doing role-play.

Student: Very good, what kind of role play?

Teacher: We are in a hospital, in (The department of accident and emergency) A&E. I am the doctor and you are coming in with something wrong with you. Do you understand?

Student: Yes, I think.

Teacher: Something is wrong with you and you will be telling what is wrong.

Student: Very good then.

Teacher: Great, we will begin. ----- In the hospital -----

Teacher: What happened to you? What is wrong with you? Did you hurt yourself?

Student: I hurt my arm in a road accident. My ear is sore also.

Teacher: Are you hearing me easily?

Student: Yes, I am hearing you.

Teacher: Can you move your hand?

Student: No.

Teacher: We need to send you for an X-ray. You broke your hand perhaps.

(2 days after that the man is in the bed in the hospital and the doctor is putting a question on him/on her)

Teacher: How are you feeling?

Student: I am better, I have no reason to complain.

Teacher: Is your ear better.

Student: Yes, it is far better.

Teacher: You broke your arm in 2 places but a plaster cast is on it now. You will get out tomorrow.

Student: That's good. Thank you.

Teacher: Very good. That's the role-play over. May we speak about a subject now. It is health the subject. I am in a Surgery and I am lifting a pamphlet with recommendations for health. Do you understand me?

Student: Yes.

Teacher: The pamphlet is saying something like “Fruit and a little exercise is good for you”.
What are you thinking of that?

Student: I agree with that greatly. Exercise is good for you and fruit also.

Teacher: It is also saying, “Too much salt is bad for you” What do you think?

Student: That’s the truth also, too much salt isn’t good for you at all.

Teacher: Another thing on the pamphlet ,it is, “you should not eat too much chocolate”

Student: Well, I am not sure, I truly like chocolate. Do you like chocolate?” Teacher: Yes, I truly like chocolate. I will be (usually) eating too much. Another thing it says

“Don’t smoke”.

Student: Were you ever smoking?

Teacher: Yes and yes, I fear. I need to smoke less.

Student: It is not easy to smoke less. What else is the pamphlet saying?

Teacher: It is saying, why don’t you go to the Sports Centre?

Student: Good thought. But I will not be going there.

Teacher: Nor me. Oh and one other thing, “ You should not be frying everything”

Student: I won’t be frying much.

Teacher: Nor me, but Sunday, we have a fried breakfast.

Student: That’s not bad one time a week.

Teacher: Aren’t we wise!

Vocabulary;

Ceàrr - wrong

cluas – ear

seòclaid - chocolate

Goirt - hurt/pain

àite – place

ag ithe - eating

Furasta - easy

plèastair – plaster

nas lugha – less, smaller

Glusad - move

seachad - past, over

ionad spòrs – sports unit/centre

Ceist - question

bileag – pamphlet

a’ fraighigeadh - frying

Adhbar – reason

measan - fruit

mòran - much

Gearan – complaint

eacarsaich – exercise

bracaist - breakfast

Cus - too much

salainn – salt

glic - wise

Useful Phrases:

Thigibh a-staigh – come in	math dhut - good for you
Tighinn a-steach – coming in	carson nach tèid thu? – why don't you go? ...
Rudeigin ceàrr – something wrong	an urrainn dhut? - Can you?
Gu furasta – easily	math dhut – good for you.
Fada nas fheàrr – far better	's e an fhirinn a tha e – it is the truth
Às dèidh sin – after that	is fìor thoigh leam – I truly like
Chan eil adhbhar a bhith a' gearan. -	No reason to complain.

Examples of the prepositional pronoun usage.

Tha rudeigin ceàrr ort. – something is wrong with you.

Here “ort” – on you, made up with “air”=on and “thu”- you.

Literally: something is wrong on you.

Other example: A bheil rudeigin ceàrr orm/air/oirre (on me/him/her).

The best English translation would be to use “with” rather than “on”

A bheil thu gam chluinntinn? - Do you hear me?

“gam” is made up of “aig” = at and “mi= me/I

“gam” = at me

Literally “Are you at me hearing”.

Other example: Chan eil mi gad chluinntinn : I am not hearing you.

Dè thachair dhut? What happened to you?

“dhut” is made up of “do”=to/for and “thu”=you.

Other examples: An urrainn dhut – Can you.....

Tha cus salainn dona dhut – too much salt is bad for you.

Cha bu choir dhut. – You should not.